



## Tìotal: Meadhanan Sòisealta Pàirt 3: A’ sgaioleadh agus a’ faighinn ìomhaighean

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a’ faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a’ bhuaidh a dh’fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB3-46b</p> <p>Tha mi a’ leasachadh sgilean airson tighinn gu co-dhùnaidhean mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh’fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 3-46c</p> <p>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 3-46a</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh agus a’ mìneachadh buaidh nam meadhanan, a’ gabhail a-steach mheadhanan sòisealta agus pòrnografaidh air fèin-mhisneachd agus ruighinn cho-dhùnaidhean.</li> <li>• Fios agus eòlas air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh droch-dhìol no giùlan mì-fhreagarrach fheiseil, mar eisimpleir, a’ toirt dhàimhean mì-fhallain gu crìch, taic ionadail, am poileas.</li> <li>• A’ toirt iomradh air buaidh mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean, dàimhean feiseil nam measg, mar eisimpleir, aonta, fòirneadh, uallach airson modh agus co-dhùnaidhean.</li> <li>• A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson seasamh an aghaidh ghnàth-ìomhaighean sna meadhanan, a’ gabhail a-steach meadhanan sòisealta, mar eisimpleir, misneachd, breithneachadh.</li> </ul>

### Amasan ionnsachaidh

- Gum bruidhinn daoin’ òga air na bhios iad ris air-loidhne
- Gun smaoinich daoin’ òga air a’ bhuaidh a bhios aig cultar agus na meadhanan orra.
- Gun aithne do dhaoin’ òga càit am faigh iad fiosrachadh agus taic.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na bhios mi a’ dèanamh air-loidhne
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air mo ghiùlan fhèin agus na nì mi air-loidhne.
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air buannachdan agus cunnartan a thaobh a bhith air-loidhne.
- Tha dòighean agam san dèilig mi ri suidheachaidhean a bhios a’ cur dragh orm.
- ‘S urrainn dhomh innse cò thuige no càit’ an tèid mi ma tha ceist agam no iomagain orm.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- *For Your Eyes Only* (faid 2 mion. 33) bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/154302864>

- *Just For Fun* (faid 3 mion. 16) bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/160080883>
- *Forever* (faid 1 mhion. 51) bho PDST Technology in Education air Vimeo aig <https://vimeo.com/154299804>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

**NÒTA:** Canaidh inbhidh *sexting* ri bhith a' cur air falbh agus a' sgaoileadh ìomhaighean feiseil – dealbhan de dhaoine rùisgte, daoine ann am fo-aodach no a' dèanamh gnìomhan feiseil, ach 's dòcha gun cleachd daoine' òga feadhainn eile leithid *nudes* – tha e cudromach faighinn a-mach dè an canan a bhios na daoine' oga a' cleachdadh, èist ris agus leig leotha a chleachdadh sna leasain fiù 's ged nach e a chleachdadh tu fhèin.

Tha beachdan agus rannsachadh eadar-dhealaichte ann mu cho cumanta 's a tha *sexting*. San leasan seo bidh sinn a' coimhead air adhbharan air a shon, na tha an lagh ag ràdh, nas urrainn do dhuine òg a dhèanamh ma tha iad air ìomhaigh a sgaoileadh no fhaighinn bho neach eile. 'S e tha soilleir bhon fhianais gu bheil nigheanan/boireannaich òga air an cur fo bharrachd cuideim agus ìomhaighean a sgaoileadh agus an uair sin gu bheil a' choire/nàire orrasan air a shon. Tha aire air a tharraing thuige seo san leasan, agus fhad 's a thathar a' feuchainn ri taic a thoirt do gach neach òg gu tuigsinn dè tha a' tachairt, dh'fhaoite gum bi feum aig nigheanan/boireannaich òga air taic bho choire/nàire eadhon ann an co-theacs ionnsachaidh an leasain seo.

Bu chòir do thidsearan/luchd-foghlaim a tha a' lìbhrigeadh an leasain seo a bhith air trèanadh dìon chloinne fhaighinn bho na fastaidhearan aca bho chionn ghoirid agus bu chòir dhaibh a bhith eòlach air a' chloinn sa chlas/bhuidheann. Far am faodadh na cùisean a thathar a' togail san t-seisean seo iomagain adhbhrachadh do phàiste, bu chòir còmhraidhean a chumail leis a' phàiste agus pàrantan/luchd-cùraim mar a bhios iomchaidh feuch a bheil am pàiste airson pàirt a ghabhail san leasan agus dè an taic a dh'fhaodadh a bhith a dhìth.

## Obair

1. Ruith thairis air na seiseanan a rinn sibh roimhe. Inns gu bheil an seisean seo mu thogail agus sgaoileadh ìomhaighean feiseil. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh dhealbhan de dhaoine rùisgte, daoine ann am fo-aodach no a' dèanamh gnìomhan feiseil. Inns san t-suidheachadh seo gum bi cuideigin ag iarraidh ìomhaighean no a' cur cuideam air neach eile airson na dealbhan a thogail 's an cur thuca, gheibh iad na dealbhan agus glè thrìc sgaoilidh iad iad. 'S dòcha gun can daoine *sexting* ris an seo, ach 's dòcha gun cleachd daoine' òga faclan eile leithid a' cur *nudes* - faighnich dha na daoine' òga dè chanadh iad ris.
2. **A' sgaoileadh ìomhaighean.** Inns mu na filmichean. Tha a' chiad fhear ag innse stòiridh mu bhith a' sgaoileadh ìomhaighean tro shùilean nighinn, an dàrna film tro shùilean balaich. Às dèidh gach film a choimhead, faigh beachdan agus brosnach còmhraidh mu chùisean sam bith a tha a' togail ceann sna filmichean. Dèan sgrùdadh air na beachdan a th' aig na daoine' òga stèidhichte air gnè an neach òg – togaidh na cùisean ceann a-rithist sna còmhraidhean a leanas.

*For Your Eyes Only* (faid 2 mhion. 33) <https://vimeo.com/154302864>  
*Just For Fun* (faid 3 mion. 16) <https://vimeo.com/160080883>

3. **Còmhradh:** Iarr air na daoine òga obrachadh ann am buidhnean beaga airson a' ghnìomh seo. Thoir na 4 cairtean do gach buidheann, ag iarraidh orra còmhradh a dhèanamh/fios-air-ais a thoirt mu gach earrann. Ma tha e nas freagarraiche, cleachd na slaighdean proimtidh.

#### Cairtean còmhradh

1. Tha barrachd cuideim ga chur air nigheanan gus dealbhan no ìomhaighean a chur air falbh.
  2. Gu tric bidh barrachd coire agus nàire ga chur air an neach sna dealbhan na tha air an neach a thog an dealbh.
  3. Bidh cuideigin a' faighneachd airson dealbh/ìomhaigh, ag ràdh gum bi e prìobhaideach, an uair sin bidh iad ga sgaoileadh.
4. **An lagh:** Mìnich gun urrainn dhut na tha an lagh a' ràdh a shoilleireachadh – seall an slaighd air **an lagh**. Leugh troimhe agus dèan cinnteach à tuigse mar a thèid sibh air adhart. Freagair ceistean. 'S e a' phuing chudromach aideachadh gu bheil seo a' coimhead toinnte ach 's e a th' aig a' bhunait, ma tha thu fo 18 agus gu bheil thu a' togail no a' cumail ìomhaigh fheiseil de neach eile fo 18 gu bheil thu a' briseadh lagh cudromach, agus dh'fhaodar do chur fo chasaid. (NÒTA: Tha na prìomh theachdaireachdan seo aig an Treas/Ceathramh Ìre airson clann fo aois 16. Tha an lagh eadar-dhealaichte airson daoine òga de dh'aois 16/17 ma tha iad ann an dàimh, tha aonta ann agus dìreach ma tha ìomhaigh air a sgaoileadh ri chèile. Tha taic ionnsachaidh do dhaoine òga aois 16+ am measg nan stuthan Àrd Ìre)
5. **Dè bu chòir dhut a dhèanamh ma gheibh thu dealbh no ìomhaigh nach do dh'iarr thu agus nach bu chòir a bhith agad.** Cuir a' cheist air an t-slaighd, iarr air na daoine òga bruidhinn ri caraidean no mar bhuidheann beag mus till iad còmhla. Mìnich gu bheil e cudromach gum bi iad a' smaoinichadh mu na bu chòir dhaibh a dhèanamh ma thèid ìomhaigh a chur thuca, oir chuala na daoine òga roimhe gur e eucoir a th' ann ìomhaigh fheiseil de chuideigin fo aois 18 a sgaoileadh. *Mar sin, dè an rud a b'fheàrr a dh'fhaodadh na daoine òga a dhèanamh ma gheibh iad dealbh?* (Ma chanas neach sam bi ri fealla-dhà gun sgaoileadh iad i, dìreach can gum fàg iad iad fhèin ann an cunnart casaid agus gluais air adhart gu freagairtean eile). An uair sin sgaoil am fiosrachadh air na slaighdean, dèan cinnteach à tuigse, freagair ceistean sam bith.
6. Aidich gu bheil faighinn dealbh a' ciallachadh gun do chuir cuideigin thugad i, agus mar sin gu bheil fiosrachadh agad a ghabhas a thoirt mun seo. Seach a bhith a' cur ceist ('s dòcha gum bi daoine òga a' dèiligeadh ri suidheachadh mar seo, tha e nas fheumaile gluasad gu deagh chomhairle) seall an dà shlaighd: **Ma tha thu air dealbh no ìomhaigh dhìot fhèin a sgaoileadh seo 5 rudan a dh'fhaodas tu a dhèanamh.** Dèan cinnteach à tuigse agus bruidhinn air cùisean sam bith a thogas ceann. Cuir seachad ùine a' toirt taic do dhaoine òga ag obrachadh tro bhith 'ag innse' do chuideigin, aidich cho doirbh 's a tha seo. Theirig chun a' cheangail air an t-slaighd (gu bileag *Healthy Respect - So you got naked online*) agus brosnach na daoine òga gus tilleadh thuige a-rithist – tha deagh chomhairle oirre, a' gabhail a-steach dòighean làimhseachaidh airson am beatha air-loidhne a dhèanamh nas deimhinne.
7. **Coimhead am film goirid mu dheireadh.** Tha e a' daingneachadh nam prìomh theachdaireachdan mun bhuidheann a bhios aig sgaoileadh ìomhaighean air daoine. Bruidhnibh mu chùisean no ceistean sam bith a thogas ceann. *Forever* (faid 1 mhion. 51) at <https://vimeo.com/154299804>

- Airson crìochnachadh, stiùir na daoine' òga gu fiosrachadh math agus stiùireadh air-loidhne air làrach ChildLine. Faodaidh iad a dhol gu **childline.org.uk** agus lorg a dhèanamh air sexting. Cuimhnich dha na daoine' òga gum faod iad cuideachd bruidhinn riutsa ma tha dragh no iomagain orra às dèidh an t-seisein.

### Beachdan eile

- Priont agus sgaoil a' bhileag seo: *So you got naked online* <https://www.healthyrespect.co.uk/StayingSafeOnline/Documents/So%20you%20got%20naked%20online%20Leaflet.pdf>
- *Sending nudes* (5 mion. 32) le ChildLine <https://youtu.be/392azAUIUk0>
- Rannsachadh: Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh an làrach seo a' sgrùdadh agus cunntas a thoirt seachad air na puingean as fheumaile do dhoin' òga: <http://www.childnet.com/young-people/secondary>
- 'S e film a th' ann an *Exposed* leis a' bhuidheann Child Exploitation Online Prevention (CEOP) unit. Tha am film freagarrach do dhoin' òga de 14 agus nas sine. Dh'fhaodar a chleachdadh airson tilleadh gu ionnsachadh air a' chuspair seo ann an S3 no nas fhaide air adhart. Faid 10 mion. 49 Ceangal: <https://youtu.be/9uJOXOAQ9Qo> Bu chòir a bhith faiceallach nuair a thathas a' cleachdadh an fhilm seo gun coire a chur air luchd-fulaing airson na tha a' tachairt, ach ceangal a dhèanamh ris a' chuideam a bhios ga chur air boireannaich òga/fòirneadh bhon cèile.
- Thoir sùil air PROJECT ROCKIT Online a' chiad ghoinneas aig Astràilia a tha a' dèiligeadh ri burraidheachd-lìn agus a chaidh a dhealbhadh le daoine' òga do dhoin' òga. <https://www.projectrockit.com.au/>

### Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsa an cois an leasain: ***Mise air-loidhne***

### Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Mise air-loidhne/mar a bhios sinn a' cleachdadh mheadhanan sòisealta
- A' cur agus a' sgaoileadh ìomhaighean

## Nòtaichean Tidseir

